

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

An Cù-eunaich Buidhe

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleam@bbc.co.uk. This is Litir 1,004. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 700 corresponds to Litir 1,004.

Dè an cù as motha a tha a’ comharrachadh Alba? ’S dòcha anns a’ chiad dol a-mach, gum bi sibh a’ beachdachadh air abhagan – an abhag dhubh Albannach, no abhag bhàn taobh an iar na Gàidhealtachd – a’ ‘westie’. No dè mu dheidhinn abhag Sgitheanach – an seòrsa dham buineadh *Greyfriars Bobby* ann an Dùn Èideann anns an naoidheamh linn deug? Bha esan dileas, mura robh e càil eile, a’ cumail faire air uaigh a mhaighstir airson ceithir bliadhna deug an dèidh a bhàis.

’S dòcha gum biodh cuid dhen bheachd gur e an coilidh – no cù-chaorach – as motha a bhiodh a’ comharrachadh Alba. Tha iad cho math air trusadh nan caorach, nach eil?

Ach do gu leòr air feadh na cruinne, ’s e an cù-eunaich buidhe a thigeadh don inntinn nuair a bhiodh iad a’ smaoinichadh air coin agus Alba. An cù-eunaich buidhe? Bidh sibh eòlach air mar ‘golden retriever’. Chaidh an seòrsa coin seo a chruthachadh air Gàidhealtachd na h-Alba ann an Taigh a’ Ghiùthsachain faisg air Tomaich ann an ochd ceud deug, seasgad ’s a h-ochd (1868). Tha Tomaich faisg air Canaich gu siar air Loch Nis.

B’ e am fear a chruthaich e am Morair Tweedmouth leis an robh Taigh a’ Ghiùthsachain. **Rinn e a dh’aona-ghnothach e** oir bha e ag iarraidh cù le beul bog a bhiodh math air eòin mharbh a thoirt air ais gun chron a dhèanamh orra, ach cuideachd a bhiodh comasach air coiseachd thar nam boglaichean is mòintich air a’ Ghàidhealtachd.

Dh’fheumadh an cù-eunaich seo a bhith comasach air seasamh ri droch shìde. Mar sin, bhathar ag iarraidh gum biodh bian fada, dìonach air. Chuir am Morair Tweedmouth dà sheòrsa eile ri chèile – *wavy-coated retriever* agus *Tweed water-spaniel*. Agus b’ e an cù-eunaich buidhe – an *golden retriever* – a dh’èirich às, ged nach b’ e sin an t-ainm oifigeil air gu naoi ceud deug is fichead (1920) **nuair a chaidh an Golden Retriever Club a chur air chois**.

A-nise tha fèill mhòr air an t-seòrsa seo air feadh an t-saoghail, ach gu seachd àraidh ann an Astràilia, Ameireagaidh a Tuath agus san Roinn Eòrpa. Cha bhi mòran de na coin sin an sàs ann an eunach, ge-tà. ’S e peataichean a th’ anna. Tha iad, mar as trice, gu math dòigheil, laghach nan nàdar. Tha iad air leth foighidneach le clann.

Tha Taigh a’ Ghiùthsachain a-nise na thobhta. Ach do mhòran air feadh an t-saoghail – a tha air leth measail air a’ chù-eunaich bhuidhe – ’s e àite sònraichte a th’ ann. Bidh feadhainn a’ dol ann air eilthreachd.

Am-bliadhna, tha ceud gu leth bliadhna air a dhol seachad bhon a chaidh an seòrsa seo a chruthachadh. Thàinig na ceudan cruinn còmhla ann an Tomaich is Canaich airson sin a chomharrachadh. Bha mi fhìn a' bruidhinn ri feadhainn às na Stàitean Aonaichte agus Astràilia a thàinig a dh'Alba a dh'aona-ghnothach air sgàth 's gun robh an fhèill seo a' dol air adhart. Agus bha gu leòr ann à Breatainn agus dùthchannan Eòrpach a thug an coin leotha.

Air an latha mu dheireadh dhen fhèill, chaidh dealbh a thogail air beulaibh Taigh a' Ghiùthsachain. Tha trì cheud, seasgad 's a h-aon coin – dhen aon seòrsa – anns an dealbh! Tha mi an dòchas gun do lorg na daoine na coin cheart aca fhèin an dèidh làimhe!

* * * * *

Faclan na Litreach: dìleas: *loyal*; coilidh: *collie*; cù-chaorach: *sheepdog*; cù-eunaich: *birding dog, retriever*; Taigh a' Ghiùthsachain: *Guisachan House*; bian fada, dìonach: *a long waterproof coat*; tobhta: *ruin*; eilthireachd: *a pilgrimage*.

Abairtean na Litreach: Dè an cù as motha a tha a' comharrachadh Alba?: *what dog most strongly represents Scotland?*; gum bi sibh a' beachdachadh air abhagan: *that you'll be thinking of terriers*; an abhag dhubh Albannach, no abhag bhàn taobh an iar na Gàidhealtachd: *the black Scottish terrier, or the fair West Highland terrier*; an seòrsa dham buineadh X: *the breed that X belonged to*; a' cumail faire air uaigh a mhaighstir: *keeping an eye on his master's grave*; trusadh nan caorach: *gathering the sheep*; tha Tomaich faisg air Canaich gu siar air Loch Nis: *Tomich is near Cannich west of Loch Ness*; cù le beul bog a bhiodh math air eòin mharbh a thoirt air ais gun chron a dhèanamh orra: *a dog with a soft mouth that would be good at retrieving dead birds without damaging them*; thar nam boglaichean is mòintich: *over the bogs and peaty moors*; comasach air seasamh ri droch shìde: *able to withstand bad weather*; tha fèill mhòr air X: *X is celebrated*; an sàs ann an eunach: *involved in birding, wildfowling*; 's e peataichean a th' annta: *they are pets*; foighidneach le clann: *patient with children*; thàinig na ceudan cruinn còmhla: *hundreds of people came together*; a thug an coin leotha: *who brought [took] their dogs with them*; an latha mu dheireadh dhen fhèill: *the final day of the festival*; chaidh dealbh a thogail air beulaibh: *a picture [photo] was taken in front of*; trì cheud, seasgad 's a h-aon coin: *361 dogs*; tha mi an dòchas gun do lorg na daoine na coin cheart aca fhèin an dèidh làimhe: *I hope that the people found their own correct dogs afterwards*.

Puing-chànain na Litreach: nuair a chaidh an Golden Retriever Club a chur air chois: *when the Golden Retriever Club was established*. Cuir air chois is a good phrase to remember – it literally means to 'put on [its] foot' but is a good idiom for 'setting up, establish'. Note with the passive construction here that the verbal noun cur is lenited. Chaidh Saorstat Éireann a chur air chois ann an 1922 'the Irish Free State was established in 1922'.

Gnathas-cainnt na Litreach: Rinn e a dh'aona-ghnothach e: *he did it deliberately*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA